

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Aimhreit an t-Sròim (3)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 745. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 441 corresponds to Litir 745.

Tha mi a’ dol a dh’innse dhuibh mun chaibideil mu dheireadh ann an Aimhreit an t-Sròim ann an ochd ceud deug, ochdad ’s a trì (1883). Bha feadhainn a bha a’ feuchainn ris an t-Sàbaid a ghleidheadh a’ seasamh an aghaidh feadhainn eile a bha a’ feuchainn ri iasg a chur gu margaidh Didòmhnaich. Agus an dèidh suidheachadh aimhreiteach an t-seachdain roimhe, bha ceud gu leth poileas a’ feitheamh riutha air cidhe an t-Sròim.

Bhathar a’ cur ri feachd a’ phoilis cuideachd le bhith a’ buileachadh inbhe chonstabilan sònraichte air luchd-obrach na rèile. Bha bàta-smùide air tighinn a-steach don chidhe, agus bhathar a’ cur carago de sgadan air tìr. Bha a h-uile coltas ann gum biodh obair de a leithid a’ leantainn seachad air meadhan-oidhche.

Thàinig cuid de mhuinntir an àite. Agus nochd ministear às a’ Chomraich, Mgr Dòmhnallach. Bha esan a’ feuchainn ri toirt air na daoine a dhol dhachaigh.

Fhad ’s a bha iad a’ meòrachadh air na dhèanadh iad, bha barrachd is barrachd de mhuinntir an àite a’ nochdadh. Aig leth-uair an dèidh aon uair deug, bha mu cheud gu leth duine ann. Bha an t-eagal ann gun robh aimhreit fada na bu mhiosa gu bhith ann na bh’ ann an t-seachdain roimhe nuair nach robh an làthair ach ochdnar phoileas.

Mu dheireadh ghabh muinntir an àite ri comhairle Mhgr Dhòmhnallaich agus chaidh iad dhachaigh goirid ro mheadhan-oidhche. Bha a h-uile duine air aontachadh gum biodh coinneamh mhòr aca aig Taigh-òsta an Stèisein oidhche Chiadain airson bruidhinn mu cheist obair na rèile air an t-Sàbaid.

Dh’fhalbh a’ chuid a bu mhotha de na poilis, ach dh’fhuirich naoinear ann am Port an t-Sròim. Agus madainn Diluain thòisich iadsan air a dhol timcheall le barantais airson deichnear a chur an grèim airson a bhith ri aimhreit an t-seachdain roimhe. Cha robh duilgheadas aca grèim fhaighinn air a’ chuid mhòir dhiubh. Ach bha e doirbh dhaibh aon duine à Àird an Fheusgain a lorg, oir thilg boireannaich anns a’ bhaile clachan orra nuair a thàinig air a thòir.

Bha cùis-chùirte ann agus fhuair an deichnear ceithir mìosan sa phrìosan. Bha mòran dhen bheachd gun robh sin ro chruaidh. Chuireadh athchuingean gu Rùnaire na Dùthcha. Chaidh na binnean a lughdachadh gu dà mhìos sa phrìosan.

Nochd dà cheud gu leth duine airson na coinneimh phoblaich Diciadain. B’ fheudar a cumail a-muigh oir cha robh togalach ann a bha mòr gu leòr. Dh’aontaich a’ choinneamh gun robh fòirneart ceàrr agus gun robh briseadh na Sàbaid ceàrr. Ach bha daoine mothachail gun robh lagh na dùthcha air taobh na feadhainn a bha a’ cleachdadh na loidhne-rèile air an t-Sàbaid.

Bha an t-uachdaran, Sir Alasdair MacMhathain, **leis an robh fearann mòr** agus Caisteal Dhùn na Creige, an aghaidh an luchd-iomairt. Dh'iarr e air na bàillidhean aige na leabhraichean a thoirt do dhuine sam bith de luchd na h-aimhreit a bha ag obair dha. Ach bha tòrr taic aig an fheadhainn sin anns a' choimhearsnachd. Fhuair a h-uile duine dhen deichnear a chaidh don phrìosan duais airgid bho mhuinntir an àite nuair a fhuair iad a-mach. Ach b' e sin e airson aimhreit anns an t-Sròim mu bhriseadh na Sàbaid.

* * * * *

Faclan na Litreach: Aimhreit an t-Sròim: *The Strome Ferry Riot*; Àird an Fheusgain: *Ardaneaskan*; fòirneart: *violence*; Sir Alasdair MacMhathain: *Sir Alexander Matheson*.

Abairtean na Litreach: feadhainn a bha a' feuchainn ris an t-Sàbaid a ghleidheadh: *some people who were trying to keep the Sabbath [as a day of rest]*; a' seasamh an aghaidh feadhainn eile: *standing against others*; a' feuchainn ri iasg a chur gu margaidh Didòmhnaich: *trying to send fish to market on a Sunday*; le bhith a' buileachadh inbhe chonstabal an sònraichte air luchd-obrach na rèile: *by giving the rail workers the status of special constables*; bhathar a' cur carago de sgadan air tir: *a cargo of herring was being landed*; gum biodh obair de a leithid a' leantainn seachad air meadhan-oidhche: *that such work would be continuing past midnight*; ministear às a' Chomraich: *a minister from Applecross*; a' meòrachadh air na dhèanadh iad: *contemplating what they would do*; gun robh aimhreit fada na bu mhiosa gu bhith ann na bh' ann an t-seachdain roimhe: *that there would be a much worse riot than was the case the previous week*; nuair nach robh an làthair ach ochdnar phoileas: *when only eight police officers were present*; cha robh feum air saighdearan à Dùn Deòrsa: *the soldiers at [from] Fort George were not required*; thòisich iadsan air a dhol timcheall le barantais airson deichnear a chur an grèim: *they started to go around with warrants for the arrest of ten people*; airson a bhith ri aimhreit: *for rioting*; thilg boireannaich anns a' bhaile clachan orra nuair a thàinig air a thòir: *women in the village threw stones at [on] them when they came in search of him*; chuireadh athchuingean gu Rùnaire na Dùthcha: *petitions were sent to the Home Secretary*; chaidh na binnean a lughdachadh: *the sentences were reduced*; b' fheudar a cumail a-muigh: *it had to be held out of doors*; b' e sin e: *that was it*.

Puing-chànain na Litreach: **leis an robh fearann mòr:** *who owned a lot of land.* We can use the preposition 'le' to express ownership in this way. We might also say aig an robh fearann mòr, using the preposition 'aig', which still means that he had, or controlled, a large amount of land, but this has less of a sense of ownership. Tha an car seo agam an-dràsta, ach 's ann le m' athair a tha e 'I've got this car just now, but it's my father that owns it'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Bhathar a' cur ri feachd a' phoilis:** *the police force was being added to.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA